

**Bòrd na Gàidhlig**  
**Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird**  
**Hiort, Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis**  
**Diciadain 6/12/17 13:00 – 16:30**

**Buill**

Ailean Dòmhnullach (Cathraiche)	(AD)
Ailean Caimbeul	(AC)
Dòmhnull MacLeòid (air a' fòn)	(DML)
Domhnall MacSuaín	(DMS)
Fiona Dunn	(FD)
Jennifer Gilmour	(JG)
Johan Nic a Ghobhainn	(JNG)
Joy Dunlop	(JD)
Màiri Anna NicUalraig	(MNU)
Seumas Whannel	(SW)

**A' Frithealadh:**

Shona Nicllinnein (Ceannard)	(SNI)
Daibhidh Boag	(DB)
Mona Wilson	(MW)
Dùghlas Ansdell	(DA)
(Roinn Maoineachaidh RnA)	
Carol Niclain (GC)	

**Taisbeanadh le Mairead Dhòmhnullach air Tobar an Dualchais**

Chuir am Bòrd fàilte air Mairead chun na coinneimh agus i an làthair gus innse mun phròiseact. Às dèidh làimhe bha cothrom aig na Buill ceistean a chur oirre mun phròiseact, mu na thathar an dùil a dhèanamh leis san àm ri thighinn agus mu chothroman gus leudachadh air an obair aca leithid Tasglann Fuáime Nàiseanta ann an co-bhuinn ri Leabharlannan Nàiseanta na h-Alba. Thuirt i gun robh luchd-obrach saor-thoileach agus luchd-taice air cuideachadh gu mòr leis a' phròiseact agus gu bheil cothrom aig tòrr a bharrachd dhaoine air toraidhean a' phròiseict ri linn teicneòlais, agus gu bheil teicneòlas cuideachd air leigeil leotha luchd-obrach fiosrach is comasach a chumail tro dhòighean-obrach sùbailte agus air astar.

Thug an Cathraiche taing dhi airson a thighinn a bhruidhinn ris a' Bhòrd agus airson na h-obrach cudromaich is inntinnich a tha Tobar an Dualchais a' dèanamh don phoball.

**1 CÙISEAN TÒISEACHAIDH**

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh agus chaidh leisgeul a chlàradh bho Mhàiri NicAonghais.

**a) A' NOCHDADH CHOM-PÀIRTEAN**

Chaidh na com-pàirtean a leanas a chlàradh:

AC - An Comunn Gàidhealach

SW - Pròiseact Rannsachaíd - Oilthigh Dhùn Èideann

DMS – Stòrlann

**GEÀRR-CHUNNTAS NAN COINNEAMHAN 02-03/10/2017**

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas leis an tuigse gun deigheadh atharrachadh a dhèanamh air a'

**b) Gheàrr-chunntas air d4-5.**

**CÙISEAN A THOG CEANN**

Fios air gnìomhan:

- c) – Fhuair DB freagairt bhon Lòchran a thaobh na Lèanaig, agus thèid coinneamh eile a chur air dòigh a dh'aithghearr leis na Buidhnean Gàidhlig a tha a' cleachdad a togalaich airson bruidhinn air na tha a' dol a thachairt.
- Chaidh a mholadh fiathachadh a chur gu Soillse a thighinn a bhruidhinn ris a' Bhòrd agus Riaghaltas na h-Alba aig an ath choinneimh mun rannsachadh a tha gu bhith air fhoillseachadh nas fhaide air a' bhliadhna seo gus am faigh sinn tuigse nas fheàrr air na toraidhean agus molaidhean sam bith a th' ann airson iomairtean a dh'fhaodadh a bhith feumail.

## **ADHARTAS A RINN COMATAIDHEAN IS BUIDHNEAN-OBRACH BHO CHAIDH A' CHOINNEAMH MU DHEIREADH A CHUMAIL:**

- d) **A' Chomataidh Sgrùdaidh** – JNG a' cumail sùil air na molaidhean sgrùdaidh.

**A' Chomataidh Ionnsachaidh** – Thug SW fiosrachadh do na Buill. Thathar ag ùrachadh Ro-innleachd nan Tràth-bhliadhnaichean an-dràsta. Chaith deasbad a chumail air an Ath-sgrùdadadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh air Foghlam an-dràsta agus air an fhreagairt a chuir am Bòrd Stiùiridh a-steach chun a' cho-chomhairleachaidh air an ath-sgrùdadadh sin. Cuairtichidh MW na pàipearan buntainneach am measg nam Ball mar fiosrachadh.

**BOR** – Thug an Cathraiche, AD, fiosrachadh seachad air obair na buidhne seo, a' gabhail a-steach a' coimhead air mar a ghabhadh math dh'fhaodte aontaidhean maoineachaидh 3-bliadhna a chur air dòigh leis na prìomh bhuidhnean is pròiseactan a gheibh maoineachadh bhuainn, agus aontaidhean ire seirbheis le buidhnean poblach airson Phlanaichean Gàidhlig.

**BOE** – Thug JD fiosrachadh do na Buill air obair na buidhne. Às dèidh coinneamh eadar MNU is Josh Dixon bho Chonservatoire Rìoghail na h-Alba, chaith aontachadh gun coinnicheadh e ris a' Cheannard.

**BOA** – Thug DMS fiosrachadh do na Buill air mar a thathar an dùil piseach a thoirt air modhan conaltraidh.

## **2 FOGHLAM**

- a) **SGEAMA NAN TABHARTASAN SÒNRAICHTE AIRSON FOGHLAM GÀIDHLIG IS PHRÒISEACTAN CALPA**

Mhìnich DA mun phròiseas gus dèiligeadh ri Tabhartasan Foghlam Gàidhlig, a chaidh a stèidheachadh ann an 1986. Ged a thathar a' brosnachadh ùghdarrasan ionadail gu bhith a' pàigheadh nan cosgaisean airson foghlam Gàidhlig bho na buidseatan coitcheann aca fhèin, tha a' mhaoin seo a' cuideachadh le bhith a' leudachadh air foghlam Gàidhlig agus gheibhean tabhartasan calpa airson iomairtean ùra. Dh'fhaighnich na Buill am b' urrainnear fiosrachadh mu iarrtan airson maoineachaидh a thoirt don Bhòrd agus do HIE feuch an obraicheadh iad còmhla gus taic a chumail ri iomairtean foghlam Gàidhlig. Bhathar a' moladh gu mòr gun deigheadh an dòigh-obrach chom-pàirteach gus iarrtan a mheasadh a thoirt a-steach a-rithist eadar RnA, Foghlam Alba agus Bòrd na Gàidhlig airson dèanamh cinnteach gum faigheadh luchd-iarrtais làn-thaic bhuaapa aon uair's gun tèid an taic-airgid a thoirt seachad.

Thug an Cathraiche taing do DA airson am fiosrachadh a thoirt seachad. Bha e na chuideachadh tuigse fhaighinn air na diofar dhòighean gus maoineachadh fhaotainn bho RnA.

- b) **STIÙIREADH REACHDAIL AIRSON FOGHLAM GÀIDHLIG**

Bhruidhinn MW mun phàipear. Chaith atharraichean a chomharrachadh airson Puing 2 san dreachd Ghàidhlig. Dh'inns i do na Buill gun robhar a' dol a thoirt leasachadh air a' Ghoireas-taice aig LUIG mus tèid a sgoileadh am measg nan Ùghdarrasan Ionadail.

## **3 LEASACHADH NA GÀIDHLIG**

- a) **PLANAICHEAN GÀIDHLIG**

### **PT1 Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear (CSRFE)**

Mhìnich DB na h-atharraichean a rinneadh air a' Phlana Ghàidhlig. Dh'aontaich na Buill ris a' Phlana leis an tuigse gun deigheadh an ro-ràdh a leasachadh los gum biodh e na bu thaiseil don Ghàidhlig.

### **3 b) AMASAN ÀRD-ÌRE**

Bhruidhinn DB air a' phàipear seo. Chaidh molaidhean bho Chomataidh Cleachdad na Gàidhlig a chur gu na buidhnean agus thathar ag iarraidh air na Buill beachdachadh air na dreachdan seo de na h-amasan a chaidh atharrachadh is a leasachadh. Dh'iarr na Buill gun deigheadh am briathrachas sna h-Amasan Àrd-ìre seo, a thèid a chur gu buidhnean poblach a tha ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig reachdail, a neartachadh le bhith ag atharrachadh "bu mhath leinn" gu "tha sinn air aontachadh" no "Tha am Bòrd a' moladh".

#### **PT1 OGE**

Dh'aontaich na Buill ris na h-amasan àrd-ìre.

#### **PT2 Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas (2<sup>na</sup> eagan)**

Dh'aontaich na Buill ris na h-amasan àrd-ìre.

#### **PT3 HIAL (2<sup>na</sup> eagan)**

Dh'aontaich na Buill ris na h-amasan àrd-ìre.

#### **PT4 VisitAlba (3<sup>mh</sup> eagan)**

Dh'aontaich na Buill ris na h-amasan àrd-ìre.

### **3 c) PRÒISEACT RANNSACHAIDH: PR17-01 RANNSACHADH AIR MAR A GHABHAS CÒMHRAIDHEAN A BHROSNACHADH EADAR LUCHD-IONNSACHAIDH IS FILEANTAICH**

Bhruidhinn DB air a' phàipear, air an do bheachdaich Comataidh Cleachdad na Gàidhlig mu thràth.

Às dèidh deasbad air a' phròiseact, dh'aontaich na Buill gum bu chòir an stiùireadh airson an rannsachaidh a neartachadh airson déanamh cinnteach gum biodh beachdan luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt le Gàidhlig bhon ghlùin air an riochdachadh chun na h-aon ìre. Bhathar cuideachd a' sireadh soilleireachadh air a' cheist, an ann tro Oilthigh Dhùn Èideann a tha Wilson MacLeòid a' stiùireadh a' phròiseict seo no gu neo-eisimeileach? Thèid beachdachadh air seo a-rithist aig coinneamh a' Bhùird sa Mhàrt nuair a bhios na h-atharraichean air an déanamh.

Chaidh aontachadh cuideachd gum faodadh gum biodh na toraidhean bhon rannsachadh le Soillse ann an sgìre CNES nan cuideachadh le bhith a' dealbh stiùireadh airson pròiseact rannsachaidh ùir, agus dh'fhaodadh na toraidhean bhon phròiseact ùr sin a bhith feumail còmhla ri PR17-01.

### **4 GISBE**

Seach nach robh gnothach iomchaidh sam bith eile ann, thug an Cathraiche taing don a h-uile neach airson a bhith an làthair agus an taice agus chuir e crìoch air a' choinneimh aig 17.35.

**Bòrd na Gàidhlig**  
**Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird**  
**Hiort, Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis**  
**Diardaoin 07/12/10/17 09:30 – 12:30**

**Buill**

Ailean Dòmhnullach (Cathraiche)	(AD)	<b>A' Frithealadh:</b>	
Ailean Caimbeul	(AC)	Shona Nicllinnein (Ceannard)	(SNI)
Domhnall MacSuain	(DMS)	Daibhidh Boag	(DB)
Fiona Dunn	(FD)	Mona Wilson	(MW)
Johan Nic a Ghobhainn	(JNG)	Ailig Greumach (Pàiperan Buidseit)	(AG)
Joy Dunlop	(JD)	Carol Niclain (GC)	
Màiri Anna NicUalraig	(MNU)		
Seumas Whannel	(SW)		

**CÙISEAN TÒISEACHAIDH**

Chaidh leisgeulan a chlàradh bho Mhàiri NicAonghais, Jennifer Gilmour, Dòmhnull MacLeòid agus Dùghlas Ansdell.

**5 IONMHAS**

**a) AITHISG IONMHAISS GU 31/10/2017**

Bhruidhinn an Ceannard air an Aithisg Ionmhais. Thathar a' cumail sùil gheur air fo-chosg sam bith a bhios ann agus thèid suimeannan bho bhuidseat nan Cosgaisean Ruith a għluasad gu Cosgaisean Leasachaiddha ma tha fo-chosg fhast gu bhith ann, mar a cheadaicheas RnA. Tha an Sgioba Stiùiridh a' cumail sùil orra seo gach mìos. Ri linn an sgrùdaidh a bhios iad a' dèanamh, chaideh iarrtasan maoineachaidd airson pròiseactan a bharrachd a chur air beulaibh nam Ball aig a' choinneimh seo, gus suimeannan nach deach a chosg a chleachdad.

**b) BUIDSEATAN AIRSON 2018-19-2021-22**

Bhruidhinn AG mun phàipear seo, a bha stèidhichte air beachdan a chaideh a għabhal air toraidhean an Ath-sgrùdaidh air Caiteachas Poblach a tha gu bhith air am foillseachadh a dh'aithgħearr le Riaghaltas na h-Alba. Chaideh bruidhinn air a' bhuaidh a bhiodh aig tuarastalan luchd-obrach air cosgaisean ruith, agus bidh na cumhachan pàighidh airson luchd-obrach BhnG a' dol a rèir poileasaiddha pàighidh RnA. Bidh Criochan Pàighidh an Luchd-obrach a-nis stèidhichte air, agus a' dol bho, 1 Giblean gach bliadhna, agus iad a rèir prìomh mhaoineachadh na buidhne.

**6 TABHARTASAN**

Bheachdaich na Buill air na molaidhean sa phàipear aig DB a thaobh iarrtasan airson thabhartasan bho na prìomh bhuidhnean is pròiseactan Gàidhlig, agus sinn air iarraidh orra pròiseactan leasachaiddha a bharrachd a mholadh airson taic-airgid. Bhathar den bheachd gun robh an cothrom seo air a bhith air leth feumail agus bha e air fhaicinn mar dhòigh ùr gus beachdachadh air dè am maoineachadh a bha a dhìth air buidhnean.

Għabb na Buill ris na molaidhean airson maoineachaidd mar a bha iad.

## **7 AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG (2017-22)**

Dh'innis SNI do na Buill mun adhartas leis a' PhCNG. Rinn Roinn Laghail Riaghaltas na h-Alba molaidean a thèid a chur an sàs. Thathar an dùil gum faighear aonta tràth sa Bhliadh' Ùir, aon uair 's gun dèan RnA làn-sgrùdadh air. Thug na Buill fa-near don mholadh gus am Plana Coileanaidh is am Plana Corporra fhoillseachadh mar eàrr-ràdhan an àite a bhith mar phàirt den sgrìobhainn fhèin. Le sin, ghabhadh fiosrachadh mu iomairtean ùra msaa ùrachadh nas trice, an àite dìreach nuair a bhios an ath Phlana Nàiseanta ùr ann, agus bhathar ga fhaicinn mar mholadh math.

## **8 RIAGHLADH CORPORRA**

### **a) RIANACHD CHUNNARTAN - CLÀR-CHUNNARTAN RO-INNLEACHDAIL**

Chaidh bruidhinn san aithghearrachd air na chaidh ùrachadh sa chlàr. Bidh na Buill a' beachdachadh air Rianachd Chunnartan ann am barrachd doimhneachd aig a' choinneimh san Ògmhios, agus iad a' gabhail ealla ris a' PhCNG ùr.

## **9 COTHROMAN**

### **BILE NAN EILEAN**

Bhruidhinn na Buill air an fhreagairt a chaidh a chur a-steach chun a' cho-chomhairleachaidh phoblaich air Bile nan Eilean.

## **10 GISBE**

### **Plana Gàidhlig do Bhòrd na Gàidhlig math dh'fhaodte**

**11** Thug an Cathraiche taing don a h-uile duine airson a bhith an làthair agus an taice.